



# Pàigheadh Ciorraim Inbheach

## Dè a th' ann am Pàigheadh Ciorraim Inbheach?

Seo airgead gus daoine a chuideachadh leis na cosgaisean a bharrachd a thig gu tric an lùib ciorraim, suidheachadh slàinte fad-ùine no tinneas-bàis. Thèid e an àite Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta do dhaoine ann an Alba, a bh' air a libhrigeadh roimhe seo le Roinn na h-Obrach is nam Peinneanan.

## Cò a dh'fhaodas Pàigheadh Ciorraim Inbheach fhaighinn?

Faodaidh daoine iarrtas a chur a-steach airson Pàigheadh Ciorraim Inbheach:

- ma tha iad 16 no nas sine agus a tha ciorram, suidheachadh slàinte fad-ùine no tinneas-bàis orra
- mura h-eil iad air aois Peinnean na Stàite a ruigsinn

Chan eil Pàigheadh Ciorraim Inbheach air a dhearbhadh le deuchainn teachd-a-steach. Chan eil e gu diofar a bheil an neach ciorramach ag obair no a bheil sàbhalaidhean aca.

## Dè a dh'fheumas sinn bho dhaoine nuair a nì iad iarrtas?

Gus co-dhùnadh air iarrtas, feumaidh sinn tuigsinn mar a tha suidheachadh no ciorram cuideigin a' toirt buaidh air am beatha. Bidh sinn ag iarraidh air daoine am fiosrachadh seo a thoirt seachad san fhoirm-iarrtais.

Feumaidh sinn cuideachd aon phìos fiosrachadh taice bho phroifeiseantach. Bu chòir dha seo ciorram, suidheachadh slàinte no feumalachdan a dhearbhadh gu farsaing. Dh'fhaoidte gur e breithneachadh-lèigh a bhios ann ma tha fear aig an neach, ach chan fheum iad breithneachadh-lèigh airson iarrtas a chur a-steach. Am measg eisimpleirean de dh'fhiosrachadh taice tha, planaichean cùram sòisealta, liostaichean òrduighean dhrogaichean agus litir bho phroifeiseantaich leithid luchd-obrach taice, dotairean agus teiripichean-cuirp.

Faodaidh daoine fhathast iarrtas a dhèanamh gun fhiosrachadh taice. Faodaidh sinne a chruinneachadh às an leth ma dh'iarraas iad oirnn, ach dh'fhaodadh gun toir e nas fhaide an t-iarrtas aca a làimhseachadh.

## Ciamar a tha ìre a' phàighidh air a h-obrachadh a-mach?

Tha Pàigheadh Ciorraim Inbheach stèidhichte air dà phàirt: bith-beò làitheil agus comas gluasaid. Dh'fhaoidte gum bi daoine a' dèanamh air aon phàirt no air an dà phàirt.

Tha 2 ìre pàighidh aig a' phàirt bith-beò làitheil:

- coitcheann – ìre de £72.65 gach seachdain
- meudaichte – ìre de £108.55 gach seachdain

Tha 2 ìre pàighidh aig a' phàirt comas gluasaid:

- coitcheann – ìre de £28.70 gach seachdain
- meudaichte – ìre de £75.75 gach seachdain

Faodaidh daoine a gheibh an ìre mheudaichte den phàirt comas gluasaid an t-airgead gu lèir no pàirt dheth a chleachdadh gus càr, sgùtair no cathair-chuibhle le cumhachd fhaighinn air mhàl tron Sgeama Carbadan is Uidheam Ruigsinneachd.

## Ciamar a thèid daoine a phàigheadh?

Bidh a' chiad phàigheadh air obrachadh a-mach mar as trice bhon cheann-latha air an deach a' chiad phàirt den iarrtas air-loidhne aca a chur a-steach. Air neo, bhon cheann-latha air an do chuir an neach fòn gu Tèarainteachd Shòisealta Alba gus am pròiseas iarrtais a thòiseachadh, ma chuir iad iarrtas a-steach le fòn agus foirm-pàipeir.

Bithear a' libhrigeadh Pàigheadh Ciorraim Inbheach gach 4 seachdainean an dèidh làimhe. Thèid a phàigheadh a-steach don chunntas a thugadh seachad mar phàirt den iarrtas.

## A bheil am pàigheadh ri fhaighinn dhaibhsan a tha a' fulang tinneas-bàis?

Tha. Tha pròiseas iarrtais luath ann dhaibhsan a tha a' fulang tinneas-bàis. Bidh neach air a bheil tinneas-bàis airidh air an ìre as àirde den phàirt bith-beò làitheil agus a' phàirt comas gluasaid ge bith dè an ùine a tha iad air a bhith a' fulang tinneas-bàis.

Ma tha tinneas-bàis air an neach, thèid Pàigheadh Ciorraim Inbheach a libhrigeadh gach seachdain ro làimh.

## Dè thachras ma tha cuideigin a' faighinn Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta no Cuibhreann Ciorraim Bith-beò mar-thà?

Ma tha cuideigin a' faighinn nan sochairean sin mar-thà chan fheum iad iarrtas a chur a-steach. Thèid na duaisean aca a ghluasad gu fèin-obrachail gu Pàigheadh Ciorraim Inbheach gun bhuaidh sam bith air an airidheachd.

Gheibh iad litir le barrachd fiosrachaidh mus tachair seo.

## Ciamar a nì iad iarrtas?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig **mygov.scot/adultdisability**. Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

## Am feum iad taic bho neach-tagrachd?

Tha an t-seirbheis tagrachd neo-eisimeileach VoiceAbility a' toirt taic do dhaoine ciorramach nuair a tha iad a' cur a-steach airson sochairean Tèarainteachd Shòisealta Alba. Cuir fios gu VoiceAbility an-asgaidh **0300 303 1660** no le tadhal air **www.voiceability.org**.



Tha mòran dhaoine draghail mu chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu faighinn, tadhail air **gov.scot/costoflivingsupport**. No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

## Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?

-  Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222
-  Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)
-  Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: [contactsotland-bsl.org](https://www.contactsotland-bsl.org)
-  Webchat: [chat.socialsecurity.gov.scot](https://chat.socialsecurity.gov.scot)